

Taibhsearachd na Ruighe

Gordon Donald

Chaidh iarraidh orm naidheachd innse — naidheachd taibhsearachd a Tìriodh, is e a chaidh a ràdh rium.

Ma-tha, cha bhi an sin ach seann naidheachd, oir is e rud a th'ann a tha an déidh dol as an fhasan san eilean seo, eilean a bha ainmeil uair air meudachd an ath-sheallaidh a bha ann. An diugh, tha òigridh ann nach fhaic sealladh annasach no uabharraidh ach a-mhàin air bocsa beag grànna ann an oisein a' chidsin. Agus airson na tha air fhàgail de na bodaich, tha e a cheart cho math dhaibh am beul a chumail dùinte — chan fhaigh iad co-dhiùbh ach “Ssh, fan sàmhach gus an cluinn sinn an buachaill-bhó a' marbhadh nan trì fichead Innseanach Ruadh leis a' six-gun aige.”

Tha ceud sgeul ann mun taibhsearachd, agus am bitheantas tha iad co-cheangailte ris a' bhàs, 's gu sònraichte ri tòrradh. Ach bha an taibhsearachd aig an duine chòir sin Iain MacAilein air leth atharraichte seach an àbhaist.

Bha an duine a' fuireach mu Cheann a' Bhàigh thall mu mheadhon an eilein agus bhitheadh e a' deanamh air Ceidhe Ghot an uair a thigeadh am bàta *Hebrides* agus bhitheadh e a' faighinn obair ann an sin. Ach an latha bha seo bha an duine gu math fada air deireadh a' ruigheachd. Bha an obair seachad agus a' *Heb* deas gu falbh mun do ràinig e. Gu dé a chum e?

“O bhalachaibh, na thàinig sibhse na thàinig mise throimhe an diugh!”


Cha robh rathad mór na Ruighe idir ann sna làithean sin — deich bliadhna no uime sin roimhn Chogadh Mhór mu dheireadh. Ach bha slighe ann a bha cho réidh 's gun gabhadh na cairtean i, a' fàgail an rathaid mhóir aig a' chrìoch eadar Ceann a' Bhàigh agus Crosapol agus a' gearradh a-null an Ruigh a dh'ionnsaigh Drochaid na Fadhlach. Seo an t-slighe a ghabh Iain an latha ud — ach ma ghabh, cha b'fhada mun deachaidh a thilleadh. Cha robh fhios aige air thalamh dé a bha tachairt. An t-àite cho trang le toglaichean móra, agus nàdur de rathad mór tarsainn air an t-slighe aige: na h-eòin mhóra a bha seo, mar gum bitheadh, a' sgiathaladh os a chionn le solais dhearg' agus uaine orra; agus na daoine a' dol mun cuairt, daoine nach fhaca e riamh no roimhe, cuid dhiubh len curracan sgiopach, cuid dhiubh le bonaidean *fore an' aft*. Mu dheireadh thàinig fear dhiubh far an robh e, 's e coltach ri polasman ach nach b'e deise pholasmain a bh'air.

“Nis, feumaidh tu teicheadh a-mach as a seo.”

“Ach tha mi dèanamh air a' cheidhe . . .”

“Chan eil sin gu deifir — feumaidh tu tilleadh as a seo agus falbh an rathad eile.”

Agus 's e sin a rinn e. Thill e agus ghabh e mu thuath, Bhaile Pheadrais. Nuair a dh'innis e a sgeul do na balaich air a' cheidhe thubhairt fear dhiubh caran fanaideach, “Nach tu a fhuair e, Iain.” Ach thionndaidh e agus ars' esan, “Nan robh thu fhéin air a bhith ann, bhitheadh tu fhéin air fhaicinn.”



Chunnaic e, gun teagamh sam bith, port-adhair na Ruighe agus feadhainn an RAF. Cha b'e an t-aon duine a chunnaic sin na bu mhotha, ach is i an naidheachd as cruinne a chuala mi mun chuspair. Thubhairt am fear a dh'innis an sgeul dhomhsa nach robh e 'na iongnadh nach robh fhios aige dé bha e faicinn — chan fhaca an duine plèan riamh. Ma tha sin fìor, is dòcha gun do thachair sin roimh 1932 co-dhiùbh, oir tha mi'm barail gur ann an uair sin a laigh a' cheud té air Tìriodh. Aon rud tha cinnteach — gu robh an duine marbh bliadhnachan mun do thòisich an cogadh. Ach dé an seorsa taibhsearachd a bha sin?

Is e a' cheud ceist — agus an té as cudthromaiche, 's dòcha — dé a' chuid den sgeul, mar a tha e air innse an seo, a tha fìor, agus dé na chaidh a chur ris — leis an duine fhéin no leis an fhear-aithris?

Is e fìor chnag na cùise a bheil e fìor gun cual' e am fear sin a' bruidhinn ris. Chan e comharra math a th'ann gur ann an Gàidhlig a tha a' chainnt air a h-aithisg. Is e bu dòcha leam gur e a' Bheurla chruaidh Shasanrìach a chleachdadh MP an RAF, mas e a bha ann. Dh'fhaodadh e bhith gun do chuir Iain Gàidhlig air a' Bheurla. Ach glé bhitheant', nuair a tha duine ag aithris còmhradh mar sin, is ann ga aithlis fhéin a bhitheas e. Mar sin,

dh'fhaodhadh e bhith nach eil a' chuid sin den sgeul — seanchas an MP sin — ach air a cur ris dà fhichead bliadhna an déidh dha tachairt. Tha an naidheachd agam air chlár, ach tha còrr is deich bliadhna bhon a thog mi i.

Is e a tha cur gu bheil a' cheist seo cho prionnsaplach gur e sin a' chuid as iongantache den sgeul air fad — gun do labhair am fear eile ris. Gabh beachd air an taibhsearachd seal beag. Ma chì duine taibhse no tamhaisg, ciamar a tha an iomhaigh a' tighinn thuige? Dé tha tachairt?

- 1 Dh'fhaodadh e bhith nach eil anns an iomhaigh ach cuimhe a tha a' tilleadh a-nuas a fo-inntinn an duine fhéin, a' tilleadh gun fhios da aig àm a tha mór-chùram air mun duine seo eile a tha marbh, air neo dlùth don bhàs.
- 2 Dh'fhaodadh e bhith, ma tha duine air uchd a' bhàis, gu bheil inntinn air neo fho-inntinn a' cur a-mach fiosrachadh àraid, air dòigh coltach ris na gathan, no 'tuinn'-raidio, ach air 'bitheantachd' air nach d'amais na feallsanaichean againn fhathast — ach aig an aon àm air 'bitheantachd' a ghabhas togail le neach a tha ann an dlùth-chàirdeas ris an duine no fìor-eòlach air, 's gu bheil e, mar deirtear sa Bheurla, air an aon 'fhad-thuinn' ris. Tha caigeann dhaoine den bheachd gur ann mar sin a tha an gnothach ag obair.

Ach ma tha e fìor gun cuala Iain MacAilein guth an duine ud eile air a' ghaoith Thirisdich, is ann a tha sgeul eile ann buileach — buileach eu-coltach ri mór-chuid nan naidheachdan thamhaisg.

Tha iad a' crochadh air obair inntinne, no obair spioradail, ann am beachd móran. Ach mun cluinnear le cluais fuaim sam bith, is fheudar do spionnadh fìsiceach a bhith an greim. Agus mas e 's gu bheil e fìor gun do thachair sin do fhear Cheann a' Bhàigh, is e mo bheachd fhéin nach e taibhsearachd a bha aige idir. Ma bha seanchas eadar e fhein agus an 'taibhse', feumaidh gu robh iad air an aon raon san àm. Sin agaibh smuain! A bheil sin ag ràdh gu robh Iain MacAilein air ceum a ghabhail, an àiteigin air an t-slighe eadar crìoch Chrosapol agus D ochaina na Fadhlach, a thug a-mach as an linn aige fhéin e gu ruige tim a bha fichead bliadhna air thoiseach air, agus an uair a thionndaidh e 's a thill e gun do thàr e a-mach as an tim sin a cheart cho réidh furasda sin?

Tha feadhainn ann, gun teagamh, a tha a' creidsinn nach eil anns an Tim, mar as léir dhuinne i — is e sin mar shruth de thachartasan a h-aon as déidh a chéile — ach feall-riochd air an fhìrinn. Gu bheil a h-uile sìon a bha, 's a tha, 's a bhitheas am bith, ann am bith cruinn còmhla gu suthainne. Ach, rud neònach — tha cuid a dhaoine cràbhaidh ag aontachadh 'nan dòigh fhéin leis a' bheachd seo, ag ràdh, mar gum bitheadh, "Seadh, gu dearbh fhéin, ann an sùilean Dé."

Tha na feallsanaich a' cur a-mach nam beachdan seo caran os ìosal, ge-ta, oir bha e na b'fhasa don t-sluagh mhór a bhith a' creidsinn anns an taibhsearachd fhéin seach creideamh a thoirt do bheachd gum bitheadh e comasach do dhuine a bhith a' siubhal troimhn Tim!

Cùis cagnaigh do dh'inntinnean nas géire na mo thé-sa! Fàgam a' chùis agaibh fhéin, a chlann.